

# **Maoin Ath-leumachd Gnìomhachais nan Eilean: Measadh Buaidh Coimhearsnachd Eileanach (Ùraichte, An Dùbhlachd 2025)**

## **1. Dè na h-amasan, cinn-ùidhe agus buaidhean a th' aig a' mhaoin seo?**

Chaidh Maoin Ath-leumachd Gnìomhachais nan Eilean (IBRF) a chur air bhog san Iuchar 2025 mar fhreagairt dhan bhuaireadh air seirbheisean aiseig a bha ann mar thoradh air chomas-giùlain cuibhrichte nan soithichean, soithichean a' briseadh sìos, càradh shoithichean agus dàil ann an soithichean ùra. Chaidh barrachd aiseagan a chur dheth thar nan trì bliadhna a dh'fhalbh mar thoradh air seo.

Tha a' mhòr-chuid de dh'eileanan na h-Alba an eisimeil aiseagan airson ruigsinneachd, ach chan eil an aon ìre de bhuaireadh air a bhith ann airson a h-uile eilein.

Is e amas an IBRF a bhith a' toirt seachad taic ionmhasail chuimsichte do dh'eileanan air an tugadh a' bhuidhean a bu mhotha le buairidhean leantainneach air seirbheisean aiseig. Tha i cuideachd ag amas air taic a thoirt do dh'ath-leumachd, tro dhuais ionmhasail aon-uair do na gnìomhachasan air an robh a' bhuidhean a bu mhotha gus an cuideachadh le bhith a' cumail orra leis an cuid obrach.

Bha nàdar cuimsichte an IBRF a' ciallachadh nach robh a h-uile eilean ion-roghnach air maoineachadh. Bha seo mar thoradh air measadh stèidhichte air fianais air na diofar ìrean de bhuaireadh a bha ann thar nan diofar shlighean aiseig agus mar a bhios na slighean aiseig sin a' frithealadh eileanan, le maoineachadh air a phrìomhachadh airson eileanan far as cruaidhe agus as maireannaiche a tha a' bhuidhean iomlan air gnìomhachasan air a bhith.

Às dèidh dhan chiad chuairt maoineachaidh thighinn gu crìch, chaidh ath-sgrùdadh a dhèanamh air a' Mheasadh Buaidh Coimhearsnachdan Eileanach (ICIA) seo gus am biodh e freagarrach airson dàrna buidheann de dh'eileanan ion-roghnach, ag aithneachadh, ged a bha a' chiad chuairt ag amas air eileanan air an robh am feum as motha air taic, gu bheil buaireadh air buaidh a thoirt air eileanan eile cuideachd.

Gus dèanamh cinnteach gun tèid an t-airgead cuibhrichte a tha ri fhaighinn a chleachdadh gu h-èifeachdach, leanaidh co-obrachadh le Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean (HIE), a libhrig cuairt a h-aon agus aig a bheil eòlas mar-thà air a bhith a' toirt taic do ghnìomhachasan eileanach agus a' libhrigeadh maoineachaidh ann an coimhearsnachdan eileanach. Tha beachdan HIE air ullachadh an IBRF fhiosrachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil e air a chumseachadh san dòigh as buadmhoire gus an ruig am maoineachadh a tha ri fhaighinn an fheadhainn as motha a tha feumach air.

## **2. Dè an dàta a tha ri fhaighinn agus cò air a bheir a' mhaoin buaidh?**

### **Cuairt 1**

Thug a' chiad chuairt den IBRF taic do ghnìomhachasan stèidhichte sna h-eileanan air an tug buairidhean air seirbheisean aiseig a' bhuidhean a bu mhotha. Chleachd sinn dàta obrachaidh aggragaidichte a thug CalMac seachad airson nan trì bliadhnaichean cùmhnantail mu dheireadh gus measadh a dhèanamh air sgèile a' bhuidhean thar nan slighean. Bha fòcas a' mhion-sgrùdadh againn air an àireamh sa cheud de sheòlaidhean a chaidh a chur dheth mar chuibhreann de sheòlaidhean a bha

clàraichte, a' comharrachadh nan slighean leis na h-ìrean as àirde de sheirbheisean air an cur dheth.

Sheall sgrùdadh air buaidh cur dheth aiseagan air na slighean CalMac uile gun robh na h-ìrean as àirde de bhuaireadh aig grunn shlighean – air a mhìneachadh mar nas motha na 15% de na seòlaidhean clàraichte uile a bhith air an cur dheth. Thug seo dhuinn a' bhun-loidhne againn, stèidhichte air fianais, airson prìomhachas a thaobh ion-roghnachd.

Tha an clàr gu h-ìosal a' sealltainn seòlaidhean a chaidh a chur dheth mar àireamh sa chiad de sheòlaidhean clàraichte thairis air na trì bliadhnaichean cùmhnannt mu dheireadh (Bliadhna cumhnant 6-8), agus airson Bliadhna Cùmhnannt 8 a-mhàin airson nan slighean sin.

<b>Slighean</b>	<b>Bliadhna cùmhnannt 6-8 gu h-ìomlan</b>	<b>Bliadhna cùmhnannt 8 a-mhàin</b>
Malaig - Loch Baghasdail	35%	37%
Ceann na Creige – Ìle/Colbhasa/an t-Òban	22%	33%
Malaig - Armadal	22%	28%
An t-Òban – Bàgh a' Chaisteil/ Loch Baghasdail	17%	19%
Àird Rosain – Tràigh a' Chaisteil	16%	15%

Bha an dàta seo a' sealltainn gu soilleir gur iad seo na h-eileanan a leanas a bu mhiosa agus a bu mhaireannaiche a dh'fhuiling bhon bhuaireadh, agus mar sin gum bu chòir prìomhachas a thoirt dhaibh airson taic tron IBRF:

- Arainn
- Uibhist a Deas
- Colbhasa
- Uibhist a Tuath
- Èirisgeigh
- Beinn na Faoghla
- Beàrnaraigh
- Griomasaigh

## Cuairt 2

Tha an dàrna cuairt den IBRF a' togail air an dàta obrachail a chaidh a thoirt seachad le CalMac. Tha am figear de bhuaireadh de 15% air a bhith air isleachadh gu 10% a tha a' ciallachadh gu bheil na h-eileanan seo a-nis ion-roghnach:

- Colla
- Tiriodh
- Na h-Eileanan Tarsaing (Eige, Eilean nam Muc, Rùm, Canaigh)

Dh'aithnich am measadh mu dheireadh gu bheil buaireadh aiseig gu math diofraichte air diofar shlighean agus mar thoradh air sin, gun robh buaidh aig seo air gnìomhachasan eileanach ann an diofar dhòighean. B' e amas na ciad cuairt fòcas a chur air slighean far an deach barrachd sheirbheisean a chur dheth.

Tha an ICIA ath-sgrùdaichte seo stèidhichte air barrachd na dìreach dàta mu sheirbheisean air an cur dheth, agus a' togail air an aithne sa chiad mheasadh, a' toirt aire do raon farsaing de bheachdan bho luchd-ùidh, agus e a' toirt fa-near do cheistean leithid comas-giùlain nas lugha.

Tha seo a' toirt seachad barrachd comais agus prìomhachais agus, a' togail air an dàta a chaidh a chleachdadh sa chiad chuairt, tha e a' toirt taic do dhòigh-obrach chothromach, stèidhichte air fianais, airson a bhith a' riarachadh maoinachadh cuibhrichte far as motha a bheil na buaidhean air gnìomhachasan. Tha e cuideachd a rèir fios-air-ais a fhuaradh bho luchd-ùidh agus a' toirt taic do dh'amasan poileasaidh Achd nan Eilean (Alba) 2018 agus Plana Nàiseanta nan Eilean (faic gu h-ìosal).

Às dèidh an sgrùdaidh seo, is iad na h-eileanan a chaidh a chomharrachadh mar an fheadhainn a tha a' fulang le seòrsachan eile de bhuaireadh (gu sònraichte cùisean co-cheangailte ri comas-giùlain bho atharrachaidhean nan soithichean air slighean):

- Barraigh
- Bhatarsaigh
- Ìle
- Diùra
- Muile
- Eilean Ì
- Ulbha

Tha dleastanas ann an Achd nan Eilean (Alba) 2018, air ùghdarrasan buntainneach – a' gabhail a-steach Ministearan na h-Alba (Earrann 7) gus beachdachadh a bheil e coltach gum bi buaidh eadar-dhealaichte aig poileasaidhean no seirbheisean air coimhearsnachdan eileanach an taca ri sgìrean eile ann an Alba. Tha an IBRF fhèin na phrògram a tha ag aithneachadh nan diofaran eadar coimhearsnachdan eileanach agus tìr mòr, agus nan diofaran eadar diofar choimhearsnachdan eileanach sònraichte, mar a chaidh a mhìneachadh gu h-àrd.

### **3. Co-chomhairleachadh agus conaltradh**

Thug an ICIA mu dheireadh fa-near nach deach co-chomhairle fhoirmeil sam bith mun IBRF mu dheireadh a chionn 's gun deach a chruthachadh mar thoradh air feumalachd èiginneach stèidhichte air fianais. Sheall e, san àm ri teachd, gun cùm sinn oirnn a' conaltradh le prìomh luchd-ùidh, a' gabhail a-steach HIE agus gnìomhachasan stèidhichte sna h-eileanan gus cuideachadh le bhith a' measadh na buaidh aig buaireadh leantainneach agus aig a' Mhaoin gu h-iomlan.

Mar sin, a bharrachd air a bhith a' cleachdadh dàta a th' ann mar-thà, chùm sinn trì seiseanan conaltraidh air-loidhne ann an co-obrachadh le Caidreachas Eileanan na h-Alba gus beachdachadh air a' chiad chuairt maoinachaidh agus gus barrachd

bheachdan a chruinneachadh air na dùbhlain a tha fhathast mu choinneamh gnìomhachasan eileanach mar thoradh air aiseagan.

Thairis air na trì seiseanan, bha 71 daoine an làthair mar a leanas:

- 25 Samhain 14:30 -15:30 – 26 luchd-frithealaidh
- 25 Samhain 19:00 -19:30 – 13 luchd-frithealaidh
- 27 Samhain 12:00-13:00 – 32 luchd-frithealaidh

Chaidh farsaingeachd de bheachdan a chur an cèill mu na buaidhean air gnìomhachasan air feadh nan eilean far an robh ceistean a thaobh comas-giùlain nan aiseagan.

#### **4. Measadh**

Tha am measadh ùraichte seo fhathast a' sònrachadh cuid de bhuidhean sònraichte air coimhearsnachdan eileanach air sgàth buaireadh leantainneach air aiseagan. Tha seo a' gabhail a-steach cunnartan do sheasmhachd eaconamach ionadail nan eileanan air an robh a' bhuidh a bu mhotha – gu h-àraidh a thaobh eaconamaidh an luchd-tadhail agus roinn a' bhathair sho-mhilleadh.

Dhaingnich na seiseanan conaltraidh le luchd-ùidh gu bheil buaireadh aiseig na dhùbhlain siostamach. Thuirt com-pàirtichean gu bheil am buaireadh leantainneach, seach na rud a bhios a' tachairt bho àm gu àm, a' gabhail a-steach chan e a-mhàin seirbheisean a bhith air an cur dheth ach cuideachd comas-giùlain nas lugha nuair a thèid soithichean nas lugha a chur an àite soithichean nas motha, ceanglaichean còmhdhail a tha air an call agus atharrachaidhean tric air a' chlàr-ama. Tha na factaran seo còmhla a' lagachadh earbsa ann an lìonra na còmhdhail, ag adhbharachadh milleadh cliù a mhaireas às dèidh do sheirbheisean tòiseachadh a-rithist.

Chaidh iomradh a thoirt air buaidhean eaconamach thar iomadh roinn. Chomharraich gnìomhachasan gun robh seusan turasachd nas giorra ann, gun deach teachd-a-steach a chall, agus gun robh seirbheisean air an cur dheth, a' fàgail nach do rinn iad an teachd a-steach ris an robh dùil. Chomharraich iad cuideachd gu bheil cosgaisean nas àirde mu choinneamh chompanaidhean reic is còmhdhail mar thoradh air ath-stiùireadh gu slighean eile agus cuid-oidhche. A bharrachd air cuideam ionmhais, chomharraich luchd-ùidh gun robh cuideam slàinte-inntinn mòr air sealbhadairean-gnothachais agus cunradairean, a bharrachd air cunnartan a thaobh lùghdachadh sluaigh agus teaghlaichean agus luchd-obrach sgileil ag imrich air sgàth cheanglaichean neo-earbsach.

Chuir com-pàirtichean an cèill gu bheil earbsachd aiseagan ro-chudromach airson seasmhachd nan eileanan agus dh'iarr iad tasgadh fad-ùine a bharrachd air taic sa gheàrr-ùine.

Cho-dhùin mion-sgrùdadh HIE gur iad seo na roinnean air an robh a' bhuidh a bu mhotha. Tha na h-adhbharan airson seo air am mìneachadh sna paragrafan gu h-ìosal.

- Eaconamaidh an Luchd-tadhail

Tha turasachd fìor chudromach ann an eaconamaidhean eileanach agus tha i ro-chudromach ann a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil taighean-òsta, taighean-bidh agus cinn-ùidhe turasachd do luchd-tadhail seasmhach fad na bliadhna. Nuair a tha buaireadh air seirbheisean aiseig, fuilingidh na buidhnean seo barrachd na roinnean eile tro lùghdachadh ann an àireamh nan custamairean agus ann an teachd-a-steach. Tha HIE air daingneachadh gu bheil an roinn den bheachd gum bi buaidh fad-ùine orra mar thoradh air call misneachd ann an lìonra nan aiseagan. Tha 'Socio-economic impact of CalMac ferry services: [Phase 2 Report by the Centre for Economics and Business Research \(2022\)](#)' cuideachd a' cur cuideam air cho cudromach 's a tha turasachd mar phrìomh dhràibhear eaconamach airson eileanan a tha air am frithealadh le lìonra nan aiseagan.

- Bathair So-mhilleadh

Tha buaidh dhìreach aig buaireadh air an t-sèine-sholair air roinn a' bhathair sho-mhillidh, leis gum bi crìonadh luath air bathar agus call teachd-a-steach mur a gabh am bathar a ghluasad. A bharrachd air beatha sgeilp nas giorra, tha buaidhean nas fharsainge ann cuideachd – a' gabhail a-steach nas lugha de mhisneachd ann an luchd-dèanaibh bìdh eileanach agus cosgaisean nas àirde do luchd-giùlain, a dh'fhaodadh a bhith air an cur air adhart gu gnìomhachasan agus coinsiumairean.

A' beachdachadh air an fhios air ais a fhuair bho thachartasan conaltraidh is co-chomhairleachaidh le luchd-ùidh, chaidh breithneachadh gum biodh e iomchaidh airson adhbharan IBRF nan rachadh an sgeama a leudachadh gu eileanan eile, agus e cuideachd a' cumail fòcas/ion-roghnachd roinneil. Tha na ceistean nas fharsainge a chaidh a thogail gan toirt air adhart tro ùrachadh aiseagan agus eadar-theachdan eile bho Riaghaltas na h-Alba.

### Sgòp

Mar a chaidh a mhìneachadh gu h-àrd; gus a' buaidh as motha fhaighinn bhon mhaoineachaidh a tha fhathast ri fhaighinn chaidh an IBRF a dhealbhadh gus taic a thoirt do dhàrna buidheann de dh'eileanan agus do na roinnean a bu mhotha air an tug buaireadh nan aiseagan buaidh:

- Colla
- Tiriodh
- Na h-Eileanan Tarsaing (Eige, Eilean nam Muc, Rùm, Canaigh)
- Barraigh
- Bhatarsaigh
- Ìle
- Diùra
- Muile
- Eilean Ì
- Ulbha

Le bhith ag amas air an dà chuid buaidhean dìreach is neo-dhìreach, bidh an IBRF a' freagairt air an t-suidheachadh a th' ann mar thoradh air buaireadh air aiseagan air feadh an lìonra agus a' toirt taic cho-rèireach do na gnìomhachasan air a bheil a' bhuidheann as motha.

Mar thoradh air na cuideaman ionmhais nach beag air Riaghaltas na h-Alba, cha ghabh maoin eachadh a thoirt seachad airson a h-uile buaireadh air seirbheisean aiseig. Ach, leis an dàrna chuairt de mhaoineachadh, tha na h-eileanan gu h-àrd a-nis ion-roghnach air taic.

'S e lasachadh dìreach a th' anns an IBRF, air a dhealbhadh gus taic a thoirt do ghnìomhachasan eileanach a tha suidhichte anns na h-eileanan air an tug buaireadh nan aiseagan a' bhuidh a bu mhotha. A bharrachd air seo, chaidh a' Mhaoin a chruthachadh le cuideachadh bho HIE, gus dèanamh cinnteach gum bi a' bhuidh as motha 's a ghabhas aice.

Cuidichidh conaltradh leantainneach le luchd-ùidh le bhith a' dearcnachadh èifeachdas IBRF agus a' comharrachadh fheumalachdan taic sam bith a bharrachd.

Slatan-tomhais Ion-roghnachd<sup>1</sup>

Bidh ion-roghnachd fhathast mar a bha e sa chiad chuairt de mhaoineachadh, a' cuimseachadh air na roinnean air a bheil a' bhuidh as motha bho bhuaireadhean aiseig, stèidhichte air fianais bho HIE agus conaltradh a rinneadh le luchd-ùidh roimhe. Tha iad seo a' gabhail a-steach ghnìomhachasan ann an eaconamaidh an luchd-tadhail leithid cafaidhean, solaraichean àite-fuirich agus treòraichean turais, a bharrachd air gnìomhachasan a tha an sàs ann an roinn a' bhidh is na dighe so-mhillidh.

Tha an IBRF fosgailte do ghnìomhachasan beaga is meadhanach, a' gabhail a-steach luchd-malairt aonair agus meanbh-iomairtean. Ged a tha ìrean nan tabhartasan ceangailte ri àireamh an luchd-obrach mhaireannaich a tha stèidhichte sna na h-eileanan - gus am bi e a rèir buaidh eaconamach is shòisealta (faic am paragraf a leanas), tha gnìomhachasan nas lugha fhathast làn ion-roghnach airson taic.

Rinn sinn ar dìcheall gus dèanamh cinnteach gu bheil am pròiseas tagraidh cho sìmplidh agus cho ruigsinneach 's a ghabhas, gu h-àraidh do ghnìomhachasan beaga aig a bheil comas cuibhrichte.

Thoir an aire gu bheil na làn slatan-tomhais ion-roghnachd agus mìneachaidhean air roinnean rim faighinn ann an [Stiùireadh Maoin Ath-Leumachd Gnìomhachais nan Eilean](#).

Ìre maoin eachaidh

Is e amas an IBRF a bhith a' cumail taic ri ath-leumachd leantainneachd gnìomhachais agus ri cosnadh eileanach. Mar sin bidh ìre nan duaisean do ghnìomhachas eadar-dhealaichte a rèir àireamh an luchd-obrach mhaireannach a tha ag obair dhaibh san eilean. Gheibh gnìomhachasan le cosgaisean tuarastail nas àirde tabhartasan nas motha taobh a-staigh paramadairean na Maoine - a chionn 's gu bheil barrachd luchd-obrach aca (agus mar sin gu bheil iad a' cruthachadh barrachd buaidh shòiseo-eaconamach).

---

<sup>1</sup> Chaidh aiseagan a bhith air an cur dheth a chleachdadh mar am prìomh chomharradh air buaireadh, oir is e seo an tomhas as treasa agus as cunbhalach a tha ri fhaighinn. Ged a thathar ag aithneachadh gu bheil seòrsachan eile de bhuaireadh ann (leithid cuingealachaidhean air comas-giùlain), tha iad nas duilghe a thomhas agus gu tric bidh iad gan lasachadh tro cheumannan tuiteamais. Le bhith a' cur fòcas air aiseagan a tha air an cur dheth, thèid slat-tomhais cunbhalach a chur an sàs airson gach slighe.

## **A bheil làn Measadh Buaidh air Coimhearsnachdan Eileanach a dhìth?**

Tha. Tha an fhianais a' sealltainn gu soilleir gu bheil ìrean neo-chothromach de bhuaireadh air seirbheisean aiseig ann an cuid de dh'eileanan. Tha seo a' ciallachadh gu bheil buaidhean gu math eadar-dhealaichte air cuid de ghnìomhachasan stèidhichte ann an eileanan an taca ri cuid eile, a' gabhail a-steach an fheadhainn ann an coimhearsnachdan eileanach eile.

Tha seo a' ciallachadh gum bi buaidhean gu math eadar-dhealaichte aig a' phoileasaidh ann an diofar choimhearsnachdan eileanach, agus gum feumar Measadh Buaidh Coimhearsnachdan Eileanach iomlan a dhèanamh fo Achd nan Eilean (Alba) 2018.

Uile gu lèir, thathar an dùil gum bi buaidh fhàbharach aig an IBRF air gnìomhachasan anns na roinnean ion-roghnach ann an eileanan ion-roghnach. Ach cha bhi gnìomhachasan ann an cuid de dh'eileanan ion-roghnach, leis nach eil iad air fulang le buaireadh aiseig chun na h-aon ìre. Tha sinn a' gabhail ris nach eil seo a' ciallachadh nach eil buaidh aig buaireadh nan aiseagan air na h-eileanan sin, agus gum faodadh cuid de luchd-ùidh an sin a bhith den bheachd gur e laigse a tha seo.

Tha an dàta a tha ri fhaighinn a' sealltainn gu bheil àireamh nach beag de ghnìomhachasan ann an eileanan nan gnìomhachasan beaga no meanbh-ghnìomhachasan. Tha sinn cuideachd ag aithneachadh gum faodadh seo buaidh a thoirt air ìre gabhail ris na maoin air sgàth a' chomais chuibhrichte aig cuid de ghnìomhachasan a dhol an sàs sa phròiseas tagraidh. Gus aghaidh a chur air seo, tha sinn air a bhith ag obair còmhla ri HIE gus dèanamh cinnteach gu bheil am pròiseas tagraidh cho sìmplidh 's a ghabhas.

Mar thoradh air seo, chaidh an IBRF a dhealbhadh gus a' bhuidhe as miosa a th' aig buaireadh seirbheisean aiseig aig an àm seo a lasachadh, stèidhichte air an fhianais a tha ri fhaighinn. Chan eil teagamh sam bith ann nach eil seo a' ciallachadh gun toirear buaidh eadar-dhealaichte air diofar eileanan, agus mar sin, tha sinn den bheachd gum bu chòir làn Measadh Buaidh Coimhearsnachd Eileanach a dhèanamh (faic gu h-ìosal).

## **5. Measadh Buaidh Coimhearsnachd Eileanach**

Tha an co-dhùnadh gus Maoin Ath-leumachd Gnìomhachais nan Eilean a thoirt a-steach, leis fhèin, na leasachadh airson nan droch bhuidhean agus nam buaidhean neo-chothromach a tha buaireadh air seirbheisean aiseig air toirt air cuid de dh'eileanan agus cuid de roinnean. Tha an fhianais a' sealltainn gu bheil ìrean air leth àrd de chur dheth sheirbheisean air a bhith air cuid de shlighean, le droch bhuidhe eaconamach air gnìomhachasan ann an roinnean sònraichte anns na h-eileanan sin.

Ged a tha Riaghaltas na h-Alba a' gabhail ris gu bheil mòran eileanan a' fulang ìre air choireigin de bhuaireadh, tha na cuingealachaidhean ionmhais a th' ann an-dràsta a' fàgail nach eil e comasach – no iomchaidh – dòigh-obrach uile-choitcheann a bhith ann a thaobh maoinachadh airson gach coimhearsnachd eileanach. Leis an

leudachadh, faodar còmhachadh nas motha a bhith ann agus mar sin bidh e comasach na duilgheadasan a tha mu choinneamh choimhearsnachdan eileanach a lasachadh barrachd.

Chaidh libhrigeadh le HIE a chomharrachadh mar an dòigh as èifeachdaiche agus as luaithe, air sgàth nan dàimhean aca mar-thà le gnìomhachasan eileanach, an làthaireachd ann an eileanan, agus an t-eòlas aca air taic tabhartais den aon seòrsa a libhrigeadh ann an co-theacsan coltach ri seo.

Thathar an dùil gum bi Toraidhean adhartach ann do dh'eileanan agus roinnean ion-roghnach, ach thathar ag aideachadh, fiu 's le leudachadh, gur dòcha gun robh buaireadh air cuid de dh'eileanan eile, ged a tha e seo nas lugha na am buaireadh aig an fheadhainn a tha air an gabhail a-steach sa mhaoin.

Chan eilear a' cur air adhart dòighean libhrigidh eile aig an àm seo, leis gu bheil modail HIE an dà chuid luath agus freagairteach air suidheachaidhean ionadail. Ach, cuidichidh sgrùdadh agus conaltradh leantainneach sinn le bhith ag aithneachadh a bheil feum air eadar-theachdan no atharrachaidhean sam bith eile.

San dealachadh, tha leudachadh air an IBRF ag amas air na buaidhean as miosa a thig bho bhuaireadhean air seirbheisean aiseig a lasachadh ann an dòigh chothromach, fhollaiseach agus chuimsichte, agus ag aideachadh cuideachd nach urrainnear taic a thoirt do na coimhearsnachdan uile air an robh buaidh tron eadar-theachd seo.

## **6. Atharrachaidhean**

Tha na slatan-tomhais ion-roghnachd stèidhichte air fianais aig IBRF ag amas air a' bhuaidh cho mòr 's a ghabhas fhaighinn, le bhith a' cur fòcas air buidheann a bharrachd de dh'eileanan far an robh na h-ìrean as motha de bhuaireadh agus air na roinnean sin a tha air a bhith fo bhuaidh nas motha na feadhainn eile (eaconamaidh an luchd-tadhail agus roinn a' bhathair so-mhillidh).

Thèid ìrean nan tabhartasan a thoirt seachad a rèir meud nan gnìomhachasan, le tabhartasan nas motha air an toirt do ghnìomhachasan a bhios a' fastadh barrachd luchd-obrach maireannach stèidhichte ann an eileanan. Tha an dòigh-obrach seo ag aithneachadh na buaidh eaconamaich is sòisealta nas motha aig na gnìomhachasan sin agus a' cuideachadh le bhith a' toirt taic do dh'obraichean ionadail agus ath-leumachd leantainneach.

Chan eil modhan-libhrigidh eadar-dhealaichte ann airson diofar eileanan, ach tha na slatan-tomhais airson ion-roghnachd a' dèanamh cinnteach nach eil ach na coimhearsnachdan agus na roinnean leis an ìre buairidh as motha air an gabhail a-steach. Chaidh Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean a thaghadh mar chom-pàirtiche libhrigidh gus dèanamh cinnteach gum bi eòlas ionadail, cunbhalachd agus cothromachd ann le bhith ga chur an gnìomh.

Thèid buaidh IBRF a sgrùdadh tro mheasadh a nì HIE le com-pàirteachadh gnìomhach bho sgioba Poileasaidh Eileanan Riaghaltas na h-Alba. Bheir na leasan an a dh'ionnsaichear buaidh air dòighean-obrach san àm ri teachd.

Mu dheireadh, fiosraichidh na leasan an a chaidh ionnsachadh tron Mheasadh Buaidh air Coimhearsnachdan Eileanach seo - gu sònraichte a thaobh cho cudromach 's a tha e a bhith a' cleachdadh dàta làidir a tha a' buntainn gu sònraichte ri eileanan - dealbhadh poileasaidhean agus sgeamaichean maoin eachaidh san àm ri teachd. Cuidichidh seo le bhith a' neartachadh comas Riaghaltas na h-Alba a bhith a' dèiligeadh gu h-èifeachdach ri buaireadh còmh-dhail agus dùbhlain eile stèidhichte air àite a tha mu choinneamh choimhearsnachdan eileanach.

## **7. Foillseachadh**

Foillsichidh sinn am Measadh Buaidh Coimhearsnachdan Eileanach againn air gov.scot, gus am faigh an fheadhainn a tha airson fhaicinn cothrom air gus tuigse fhaighinn air buaidh Maoin Ath-leumachd Gnìomhachais nan Eilean air coimhearsnachdan eileanach ann an Alba.

Foillsichidh sinn am Measadh Buaidh air Coimhearsnachdan Eileanach againn an dà chuid sa Bheurla agus sa Ghàidhlig, agus sinn ag aithneachadh gu bheil coimhearsnachdan Gàidhlig nach beag ann an grunn choimhearsnachdan eileanach. Gus dèanamh cinnteach gun deach am Measadh Buaidh Coimhearsnachdan Eileanach fhoillseachadh cho luath 's a ghabhas, chaidh fhoillseachadh sa Bheurla an toiseach. Thathar ag ullachadh tionndadh Gàidhlig aig an àm seo agus thèid fhoillseachadh ann an ùine nach bi fada.

Bidh am Measadh Buaidh seo ri fhaighinn cuideachd mar phàirt den 'Mheasadh Buaidh air Daoine' aig Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean a chaidh a dhèanamh fhad 's a bhathar a' cruthachadh Maoin Ath-leumachd Gnìomhachais nan Eilean.

Chaidh am Measadh Buaidh Coimhearsnachdan Eileanach seo aontachadh le Anna Densham, Leas-stiùiriche airson Ath-leasachadh Fearainn, Poileasaidh Dùthchail is Eileanan, agus thèid fhoillseachadh air àrd-ùrlar iomchaidh aig Riaghaltas na h-Alba gus dèanamh cinnteach gu bheil e furasta dhan luchd-ùidh againn a ruigsinn.